



Tìotal: Coltachd, Iomadachd agus Spèis

Pàirt 5: Eile-sheòrsach, Leasbach, Gàidh agus Dà-sheòrsach

Ìre: A' CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus aocoltach ri cach-a-chèile ach nach eil duine an aon rud ri duine eile. HWB1-47a	<ul style="list-style-type: none">• Ag aithneachadh gu bheil gach neach gun shamhail agus ag aithneachadh rudan a tha coltach agus aocoltach.• A' mìneachadh gu bheil fàs agus tighinn air adhart gach neach eadar-dhealaichte.

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na Slatan-tomhais a tha a' buntainn ri RSHP ann an Slàinte is Sunnd. Faodaidh an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. A thaobh a' ghnìomh seo tha ceanglan soilleir ann ri sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corpora. Mar sin tha na h-eòlasan agus na builean iomchaidhair an comharrachadh an seo:

- Nuair tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 1-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 1-10a
-

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun deidhinn fhèin, mu na tha gan dèanamh gun shamhail agus mn bhun-bheachd iomadachd.
- Gun ionnsaich clann na thathar a' ciallachadh leis na teirmean eile-sheòrsach, gèidh, leasbach agus dà-sheòrsach.
- Gun ionnsaich clann mu thaobhadh-feise ann an co-theacsa ionnsachadh mu ghaol.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh spèis a shealltainn do dhaoine eile.
- Tha mi a' tuigsinn gun gabh na teirmean eile-sheòrsach, gèidh, leasbach agus dà-sheòrsach a chleachdadh airson iomradh a thoirt air cò air a tha nòisean aig neach no cò leis a bhios iad ann an gaol.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Film (faid 4 mion. 6) In a Heartbeat <https://vimeo.com/227690432>

- Film (duration 3 min. 48) Kids of Gay Parents Speak Out
<https://www.youtube.com/watch?v=JG0yghzVuYA>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Cruinnich a' chlann còmhla. Tòisich mar seo: Tha an leasan againn an-diugh mu ghaol - agus bidh sinn ag ionnsachadh mu na faclan a bhios sinn a' cleachdadh a rèir cò leis a bhios duine ann an gaol. Seo cuid de na faclan a chleachdas sinn an-diugh. Is dòcha gu bheil sibh air cuid dhiubh sin a chluinntinn mar-thà. Ma tha, faodaidh sibh innse dhomh. (Cleachd na slaighdean no dèan priob-chairtean, tha an teacsa na stiùireadh dhutsa mar thidsear/neach-foghlaim mu nas urrainn dhuibh a ràdh).

Canaidh sinn gu bheil neach **gèidh** nuair a tha gaol aca air neach den aon ghnè riutha fhèin, bidh seo ga chleachdadh nuair a bhios sinn a' bruidhinn mu dhithis fhìreannach còmhla no dithis bhoireannach còmhla.

Canaidh sinn gu bheil neach **leasbach** nuair a tha gaol aig boireannach air boireannach (mar sin airson boireannaich canaidh sinn gèidh no leasbach).

Canaidh sinn gu bheil neach **dà-sheòrsach** nuair a tha iad a' faireachdainn gun urrainn dhaibh a bhith ann an gaol le cuideigin den aon ghnè riutha fhèin, no le cuideigin de dhiofar gnè.

Canaidh sinn gu bheil neach **eile-sheòrsach** nuair a tha iad ann an gaol le neach de dhiofar gnè, mar sin boireannach agus fireannach.

Freagair ceistean agus soilleirich puingeann sam bith far a bheil sin a dhìth.

2. Tha an t-àm ann a-nis airson còmhraidh ris a' chloinn mu dheidhinn **gaol**. Cleachd an slaighd: Dè th' ann an gaol? Faighnich dhan chloinn: An cuala sibh riann daoine a' bruidhinn mu bhith ann an gaol? Dè tha thu a' smaoinichadh a tha "ann an gaol" a' ciallachadh? An uair sin cleachd am prompt agus na slaighdean: Dè bhios daoine a' dèanamh nuair a tha iad ann an gaol? 'S dòcha gum bruidhinn a' chlann mu bhith a' cumail grèim air làmhnan a chèile, a' pògadh, a' pòsadh, teaghlach a bhith aca msaa. Cleachd na slaighdean airson còmhraidh a bhrosnachadh mar a bhios iomchaidh. Gabh ris na mìneachaidhean aca. 'S dòcha gum bi beagan gàireachdainn agus nàire ann. 'S dòcha gum bi clann a' bruidhinn mu na rudan as fhìor thoigh leotha no as as fhìor thoigh leotha a dhèanamh. 'S dòcha gum bi èigheach ann gu bheil gaol aig cuideigin sa chlas air cuideigin eile... Stiùir seo ann an dòigh mhothachail gus nach bi nàire air neach sam bith, 'tha spòrs ceart gu leòr, chan eil magadh'.

3. Faighnich dhan chloinn cò ris a bhiodh e coltach nam biodh neach eile a' còrdadh riutha gu mòr, barrachd na dìreach mar charaid, 's dòcha nam biodh nòisean agad orra. Can riutha gu bheil film goirid againn mu bhalach aig a bheil nòisean air cuideigin agus gun fios aige buileach ciamar a dhèiligeas e ris. Seall am film goirid **In a Heartbeat** <https://vimeo.com/227690432>

Seo ceistean airson còmhraidh a thòiseachadh (a' smaoinichadh air a' phrìomh character mar ghaisgeach): *Ciamar a bha gaisgeach an fhilm a' faireachdainn? An robh iomagain no dragh air mu rud sam bith? Ciamar a bha an gaisgeach againn a' faireachdainn aig deireadh an fhilm?*

'S dòcha gum bi cuid den chloinn a' radh rudan neagataibh mun character. Dh'fhaoite gun can iad rud mar "chan urrainn nòisean a bhith aig balach air bhalach eile". Làimhsich seo gu faiceallach, cha

leig thu a leas an ceartachadh, mìnich gur e sin a thachair san sgeulachd. Can gu bheil e an urra rinn fhèin ciamar a tha sinn a' faireachdainn agus cò air a bhios nòisean againn?

4. A' gluasad air adhart, inns dhan chloinn nuair a tha sinn a' smaoinichadh air daoine leasbach, gèidh agus dà-sheòrsach gum feum sinn cuimhneachadh gu bheil na teaghlaichean againn uile eadar-dhealaichte - agus bidh màthraichean leasbach no athraichean gèidh aig cuid de chlann. Seo film goirid far a bheil clann aig a bheil màthair leasbach a' bruidhinn mun teaghlach aca. Seall am film goirid: **Kids of Gay Parents Speak Out** <https://www.youtube.com/watch?v=JG0yqhzVuYA> Seo ceistean airson còmhradh a thòiseachadh: *Tha màthraichean leasbach aig a' chloinn seo, Dè chòrd ribh mu bhith gan cluinntinn a' bruidhinn air na màthraichean aca?*

Not: Dh'fhaodte gum bi màthair/màthraichean leasbach no athair/athraichean gèidh aig cuid den chloinn. 'S dòcha gun inns iad seo nuair a tha sibh a' còmhradh. Èist ris na th' aca ri ràdh, ach na faighnich tuilleadh cheistean air beulaibh a' chlas. An àite sin, bruidhinn ris a' phàiste a-rithist nuair a tha cothrom ann sin a dhèanamh gu prìobhaideach. Faodaidh seo a bhith cho sìmplidh ri bhith a' sealltainn gu bheil thu a' cur luach air na thuirt iad.

5. Mìnich gu bheil sinn uile a' fuireach ann an diofar sheòrsachan theaghlaichean, gu bheil dealbhan againn air am bi sinn a' coimhead an diugh a chuidicheas le bhith a' cumail cuimhne air an seo. Seall an slaighd le caipseanan, dèanaibh còmhrach air na tha a' chlann a' faicinn.
6. Airson crìochnachadh, theirig thairis air na prìomh phuingean – seo beagan stiùridh (cleachd an slaighd): *An-diugh tha sinn air a bhith a' smaoinichadh mu na tha sinn a' ciallachadh leis na faclan gèidh, leasbach, dà-sheòrsach agus eile-sheòrsach. Tha seo uile mun neach air am bi gaol air neach eile. A bheil cuimhne agaibh air na tha iad a' ciallachadh? Theirig thairis air na teirmean a-rithist agus dèan measadh air tuigse.*

Cuir cuideam air na prìomh theachdaireachdan:

- Tha cuid de dhaoine gèidh no leasbach no dà-sheòrsach.
- 'S dòcha gu bheil cuideigin san teaghlach againn gèidh no leasbach no dà-sheòrsach.
- Chan eil e ceart gu leòr aig àm sam bith a bhith mosach ri neach eile. Chan eil e ceart gu leòr a bhith a' magadh air neach air sgàth 's mar a tha an teaghlach aca no cò iad.

Beachdan eile Sa phrògram sgoile aca *School Champions*, tha Stonewall Scotland ag obair còmhla ri bun-sgoiltean gus taic a thoirt dhaibh a' comharrachadh diofar theaghlaichean agus a' dèiligeadh ri burraidheachd air sgath gràin-co-sheòrsachd, gràin-dà-sheòrsachd agus grain-tar-ghnèitheachd sa chlas. <https://www.stonewallscotland.org.uk/get-involved/get-involved-education/primary-schools-0>

Ceangal ris an Dachaigh

'S dòcha gum bi an teacsa seo feumail airson ionnsachadh a cheangal ris an dachaigh:

Gu tric bidh iongnadh air clann mu na tha na faclan gèidh, leasbach, dà-sheòrsach a' ciallachadh. Bidh fios aig cuid den chloinn againn mar-thà dè tha na faclan sin a' ciallachadh, no dh'fhaodadh iad a bhith nam pàirt de theaghlach le pàrantan, luchd-cùraim no buill teaghlaich gèidh, leasbach no dà-sheòrsach. Tha sinn ag ionnsachadh mu bhith gèidh, leasbach no dà-sheòrsach agus tha sinn cuideachd air an teirm eile-sheòrsach a thoirt a-steach. Nuair a tha sinn air a bhith a' bruidhinn air an seo sa chlas, tha ar fòcas air gaol agus dàimhean. Tha an leasan seo mar phàirt den ionnsachadh againn mu bhith a' toirt spèis dha chèile agus a bhith coibhneil ri gach neach.

Learning Resource // All content is intended for educational purposes. For further information see www.rshp.scot // August 2019

Ma tha sibh airson leughadh còmhla ri ur pàiste tha, **The Great Big Book of Families** le Mary Hoffman, na leabhar brèagha a tha a' toirt fiosrachadh dhuinn mu dhiofar sheòrsachan theaghlaichean. Dh'fhaodadh sibh copaidh iarraidh bhon leabharlann ionadail agaibh.

Chomhead sinn film no dhà cuideachd, 's dòcha gun còrdadh e ribh an coimhead sibh fhèin.

Bhuannaich am film cartùn seo duaisean. **In a Heartbeat** <https://vimeo.com/227690432>.

'S e sreath de agallamhan **Kids of Gay Parents Speak Out**

<https://www.youtube.com/watch?v=JG0yghzVuYA>

Tha goireasan RSHP eile air a' chuspair Coltachd, iomadachd agus spèis rim faighinn

- Tha mise gun shamhail: M' fhèin-phortraid
- Tha sinn coltach agus ao-coltach
- Balaich agus nigheanan
- Ciorramachd

Notaichean Tidseir

